





NIGHEAN BHEAG A' CHÒTA DHEIRG



Air ath-innse le Moira Andrew • Na dealbhan Cliff Wright

**NIGHEAN
BHEAG
A' CHÒTA DHEIRG**



Air ath-innse le Moira Andrew
Na dealbhan Cliff Wright
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair a bha siud bha nighean bheag ann ris an canadh iad Nighean Bheag a' Chòta Dheirg. Bha i a' fuireach còmhla ri a màthair agus a h-athair ann an taigh beag ri taobh coille.



Nuair a bhiodh Nighean Bheag a' Chòta Dheirg a' dol a-mach a chluich, bhiodh i a' cur oirre a' chòta dheirg a rinn a seanmhair dhi. Bha e eireachdail, dearg agus sin mar a thug iad Nighean Bheag a' Chòta Dheirg oirre.



Latha bha siud thuir m'athair
Nighean Bheag a' Chòta Dheirg rithe,
"Tha Granaidh tinn.
An tèid thu thuice leis a' chèic seo?
Ach cuimhnich, fan air an rathad agus
na stad a bhruidhinn ri duine sam bith."



Mar sin chuir Nighean Bheag a' Chòta
Dheirg oirre an còta agus dh'fhalbh i air
an rathad gu taigh a seanmhar.

Cha robh i air a dhol fada nuair a
thachair i ri madadh-allaidh.

"Halò!" ars am madadh-allaidh.

"Càit a bheil thu a' dol nad chòta
brèagha dearg?"





Bha coltas còir air a' mhadadh-allaidh agus thuir Nighean Bheag a' Chòta Dheirg, "Tha mi a' dol a shealltainn air Granaidh a tha a' fuireach ann an taigh beag sa choille. Tha cèic agam dhi oir tha i tinn."



"Nach toir thu flùraichean thuice cuideachd," ars am madadh-allaidh.
"Ceart ma-thà, is toil le Granaidh flùraichean," thuir Nighean Bheag a' Chòta Dheirg.
Agus chaidh i a bhuaibh flùraichean.

Ach cha robh am madadh-allaidh còir.
'S e madadh-allaidh mòr dona a bha ann.
Nuair a chunnaic e Nighean Bheag
a' Chòta Dheirg a' dol a bhuaib nam
flùraichean, ruith esan cho luath ris
a' ghaoith gu taigh Granaidh.



Cha robh e fada gus an do ràinig e an doras.
Dh'èigh Granaidh, "Cò tha siud?"
"Is mise tha ann – Nighean Bheag a' Chòta
Dheirg," thuirt am madadh-allaidh mòr dona.
"Tha cèic agam dhuibh."
"Thig a-steach, thig a-steach a ghràidh,"
thuirt Granaidh.

An sin dh'fhosgail am madadh-allaidh an doras agus chaidh e a-steach dhan taigh. "O, mo thruaighe!" arsa Granaidh nuair a chunnaic i am madadh-allaidh. "Tha thu agam," ars am madadh-allaidh, agus dh'ith e Granaidh ann an grèim no dhà.



An dèidh sin, chuir e air a currag-oidhche agus chaidh e dhan leabaidh aice.



An uair sin fhèin thàinig Nighean Bheag a' Chòta Dheirg chun an dorais. "Cò tha siud?" dh'èigh am madadh-allaidh. "Mise tha ann – Nighean Bheag a' Chòta Dheirg," thuirt i. "Thig a-steach, thig a-steach," thuirt am madadh-allaidh. Dh'fhosgail Nighean Bheag a' Chòta Dheirg an doras agus chaidh i a-steach dhan taigh.



Choimhead Nighean Bheag a' Chòta Dheirg air a seanmhair.

“A Ghranaidh, nach ann annaibh a tha na sùilean mòra,” thuirt i.

“Sin mar as fheàrr a chì mi thu,”
ars am madadh-allaidh mòr dona.



Chaidh Nighean Bheag a' Chòta Dheirg a-null chun na leapa. Sheall i a-rithist air a seanmhair.

“A Ghranaidh, nach ann oirbh a tha na cluasan mòra,” thuirt i.

“Sin mar as fheàrr a chluinneas mi thu,” ars am madadh-allaidh mòr dona.



“Agus a Ghranaidh, nach ann annaibh a tha na fiaclan mòra,” arsa Nighean Bheag a’ Chòta Dheirg. “Sin mar as fheàrr a dh’itheas mi thu,” ars am madadh-allaidh mòr dona.

Leum e a-mach às an leabaidh agus ruith e às dèidh Nighean Bheag a’ Chòta Dheirg. “Cuidich mi!” dh’èigh Nighean Bheag a’ Chòta Dheirg cho cruaidh ’s a b’ urrainn dhi. “Cuidich mi! Cuidich mi!”

Bha coilltear a’ gearradh chraobhan anns a’ choille. Chuala e an èigheach aig Nighean Bheag a’ Chòta Dheirg agus ruith e chun an taighe.

Bhuail e am madadh-allaidh le tuagh mhòr. B’ e sin crìoch a’ mhadaidh-allaidh.

“Tapadh leibh,” arsa Nighean Bheag a’ Chòta Dheirg.

“Ach dè mu dheidhinn Granaidh? Dh’ith am madadh-allaidh i.”



An uair sin dh'fhosgail an coilltear
brù a' mhadaidh-allaidh leis an tuaigh,
agus leum Granaidh a-mach.



Riamh on latha ud, bha Nighean
Bheag a' Chòta Dheirg a' dol a
choimhead air Granaidh a h-uile latha
ach cha robh i a' stad a bhruidhinn
ri duine sam bith air an t-slighe.



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Moira Andrew 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Moira Andrew a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 633 3